

Lèirsinn:

Tha Taighean-tasgaidh na Gàidhealtachd ag amas air deagh sheirbheis a thoirt seachad a bhrosnaicheas ionnsachadh agus toilintinn dhan h-uile duine.

Luchd-amais:

Tha uallach air Taighean-tasgaidh na Gàidhealtachd gus àrainn mhath, shàbhailte, a bhith aca a bhrosnaicheas oideachadh sna sgìrean ionadail sa Ghàidhealtachd agus do luchd-tadhail.

Tha seo a' gabhail a-steach òigridh, sgoiltean, luchd-ionnsachaidh fad-bheatha, buidhnean sònraichte, teaghlaichean, luchd-rannsachaidh, oileanaich luchd saor-thoileach agus luchd-cleachdaidh eile.

Tha seirbheis nan taighean-tasgaidh dealasach gu bhith ag obair còmhla ri luchd-cleachdaidh, agus feadhainn a dh'fhaodadh a bhith a' cleachdadh na seirbheis, gus cothroman ionnsachaidh a leasachadh a bhios freagarrach orra. Tha seirbheis nan taighean-tasgaidh ag amas air seirbheis a tha mothachail air na coimhearsnachdan a tha i a' frithealadh.

Bidh na taighean-tasgaidh cuideachd a' cleachdadh ro-innleachdan measaidh gus a bhith cinnteach gu bheil iad a' toirt seachad na seirbheis as fheàrr as urrainn dhaibh.

Ionnsachadh:

Bheir na taighean-tasgaidh cothroman do luchd-cleachdaidh gu bhith ag ionnsachadh agus a' mealtainn chruinneachaidhean tro

Àite

Mineachadh

Eòlas/Fiosrachadh Luchd-obrach

Bheir na trì stòrasan seo taic do luchd-cleachdaidh gu bhith a' rannsachadh agus a' dol an sàs sa chruinneachadh agus a' faotainn an tuigse agus am buntanas fhèin bhuaithe.

Cuideachd, tha na taighean-tasgaidh airson na stòrasan seo a leasachadh.

Obraichidh sinn ann an co-bhanntachd ri Ionnsachadh Coimhearsnachd gu bhith a' brosnachadh an taigh-tasgaidh mar stòras ionnsachaidh.

Inntrigeadh:

Gus gum bi cothrom aig na h-uile air na goireasan ionnsachaidh seo, tabhainnidh na taighean-tasgaidh iomadh cothrom gus a dhol an sàs sa chruinneachadh. Gabhaidh seo a-steach stoidhlean ionnsachaidh, feumalachdan bodhaig, agus beachdan air taighean-tasgaidh. Seo cuid dhe na feumalachdan a chaidh a chomharrachadh;

Inntrigeadh freagarrach

An ìre cheart

Cànan, Gàidhlig cuideachd

In-ghabhail sòisealta agus obair air an taobh a-muigh

Gus na h-amasan seo a choileanadh, feumar obrachadh còmhla ri:

Luchd-obrach agus feadhainn a tha ag obair gu saor-thoileach ann an seirbheis an taigh-tasgaidh

Buill de Ionnsachadh Coimhearsnachd agus Comhairle na Gàidhealtachd

Compàirtichean eile